

Comhairle nan Leabhraichean

Poileasaidh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail

Eachdraidh nan tionndaidhean:

- Aontaichte an toiseach le Bòrd-stiùiridh Chomhairle nan Leabhraichean san t-Sultain 2018.
- Air a sgrùdadh a-rithist, gun atharrachadh, san t-Sultain 2019.
- Air a sgrùdadh agus air atharrachadh sa Mhàrt 2021.
- Air a sgrùdadh agus air atharrachadh sa Mhàrt 2022.
- Air a sgrùdadh agus air atharrachadh sa Mhàrt 2023.
- Air a sgrùdadh agus air atharrachadh ri linn Plana-gnìomh ùr na buidhne airson 2024-29, aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh air 27 Màrt 2024.
- Chaidh an tionndadh seo (gun atharrachadh bhon Mhàrt 2024) a sgrùdadh agus aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh air 26 Màrt 2025.

Tha am poileasaidh seo mar bhunait do Phlanaichean-gnìomh bliadhna CII (Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail) aig Comhairle nan Leabhraichean. Thèid am Plana-gnìomh CII airson 2025-26 (sa Bheurla a-mhàin) fhoillseachadh fo "Poileasaidhean" air an làraich-lìn againn.

Poileasaidh CII: Cùl-fhiosrachaidh

Is e Comhairle nan Leabhraichean am prìomh bhuidheann airson litreachas ann an Alba. Tha ro-innleachd leasachaidh shoilleir aig Bòrd-stiùiridh Chomhairle nan Leabhraichean – na ghabhas de dh'airgead a chur a dh'ionnsaigh sheirbheisean dìreach gus sgrìobhadh is foillseachadh ann an Gàidhlig a neartachadh, agus co-obrachaidhean èifeachdach a stèidheachadh gus na buannachdan as àirde a chosnadh do litreachas, cànan is cultar na Gàidhlig. Gus an t-amas seo a choileanadh, tha ar n-amasan mar bhuidhinn agus ar prògram gan cur an cèill fo trì cinn:

- (i) sgrìobhadh agus foillseachadh
- (ii) leasachadh sgilean
- (iii) ruigsinn leughadairean

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' dèanamh adhartachadh, leasachadh, buileachadh, reic agus sgaoileadh air leabhraichean Gàidhlig bhon bhùth air Sràid Achadh a' Mhansa ann an Glaschu. Tha sgrìobhadairean agus foillsichearan a' faotainn comhairle fheumail mu gach taobh de sgrìobhadh agus de fhoillseachadh le taic bho phrògram thabhartasan ràitheil, a bhios a' maoineachadh leasachadh air litreachas ùr. Tha tàlant ùr sgrìobhaidh ga mhisneachadh agus ga bheathachadh tro phrògraman leasachaidh sgilean agus taic phroifeiseanta. Tha Comhairle nan Leabhraichean a' libhrigeadh raon farsaing de ghnìomhan leughaidh stèidhichte air leabhraichean ann an coimhearsnachdan agus sgoiltean air feadh Alba, agus tha leabhraichean is sgrìobhadairean

Poileasaidh Co-ionannachd, Cothromachd agus In-ghabhail

Gàidhlig air an deagh riochdachadh air an àireamh de phrògraman a tha a' sìor fhàs de fhèilltean is de thachartasan ealain aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha am buidheann a-nis mar phrìomh mheadhan libhrigidh air trèanadh ann an sgrìobhadh Gàidhlig creideasach den chàileachd as àirde do sgrìobhadairean, luchd-deasachaidh, luchd-obrach mheadhanan agus luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig.

Ro-ràdh

Tha Comhairle nan Leabhraichean dealasach a thaobh brosnachadh co-ionannachd agus iomadachd am measg na sgioba-obrach againn agus a thaobh cur às do leth-bhreith mhì-laghail.

Is e an t-amas gum bi ar luchd-obrach, luchd-ealain neo-eisimeileach, luchd-èisteachd agus luchd-dèiligidh a' faireachdainn gu bheilear a' toirt spèis agus luach dhaibh, agus àrainneachd obrach a chruthachadh sam bi luchd-obrach uile comasach air an làn-chomais a choileanadh às aonais burraidheachd, sàrachadh no leth-bhreith agus far a bheil co-dhùnaidhean dèante, stèidhichte air airidheachd a-mhàin.

Ann an solarachadh bathar, seirbheisean, goireasan agus gnìomhan, tha sinn cuideachd gu tur an aghaidh leth-bhreith mhì-laghail sam bith a thaobh ar luchd-dèiligidh no luchd-èisteachd agus bidh sinn ag obair gu dlùth le buidhnean com-pàirteachais gus àrainneachd obrach in-ghabhalach is fhàilteach a choileanadh do na h-uile.

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' cur taic ri cultar ioma-dhòigheach ann an Alba agus dealasach a thaobh cothroman a làn-mheudachadh do na h-uile a dhol an sàs ann an litreachas Gàidhlig na h-Alba agus com-pàirteachadh ann an tachartasan litreachais Gàidhlig na h-Alba air feadh na dùthcha.

Is e adhbhar a' phoileasaidh:

- Co-ionannachd, cothromachd agus spèis a nochdadh do ar luchd-ùidhe uile agus do gach neach nar cosnachd, eadar gu bheil iad ag obair air an ceann fhèin, sealach, pàirt-ùine no làn-ùine.
- Gun leth-bhreith mhì-laghail a chur an gnìomh mar thoradh air feartan a tha air an dìon anns an Achd Co-ionannachd 2010 a thaobh aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, com-pàirteachas pòsaidh agus sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh (a' gabhail a-steach nàiseantachd agus dùthchas cinnidheach no nàiseanta), creideamh no creideas, gnè, agus aidmheil ghnèitheasach. A thuilleadh air na feartan sin, tha Comhairle nan Leabhraichean a' coimhead ri dèiligeadh ri neo-ionannachdan ag èirigh à iomallachd dhùthchail agus easbhaidh shòiseo-eaconamach.
- Cur an aghaidh agus gach cruth de leth-bhreith mhì-laghail a sheachnadh. Tha seo a' gabhail a-steach tuarastal is sochairean, cumhachan is cùmhnantan cosnaidh, dèiligeadh ri gearanan agus smachd, cur à dreuchd, anabarrachd, fòrladh do phàrantan, iarrtasan obrach shùbailte, agus taghadh airson dreuchd, adhartachadh, trèanadh no cothroman leasachail eile.

Poileasaidh Co-ionannachd, Cothromachd agus In-ghabhail

Tha Poileasaidh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail Chomhairle nan Leabhraichean a' gealltainn:

- Co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail a bhrosnachadh san àite-obrach agus ann an àrainneachdan co-cheangailte ri obair.
- Cothroman trànaidh, leasachaidh agus adhartais a thoirt don luchd-obrach uile, a bhios air an cuideachadh agus air am misneachadh gu an làn-chomais a leasachadh, gus am faodar an tàlant agus an comasan a chur gu mòr-fheum airson èifeachdas na buidhne a làn-mheudachadh.
- Dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean uile a thaobh luchd-obrach stèidhichte air airidheachd a-mhàin (a thuilleadh air saoraidhean riatanach is cuibhrichte a tha ceadaichte fon Achd Co-ionannachd).
- Dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean uile a thaobh tagraichean tabhartais coimisein/foillseachaidh agus luchd-inntrigidh dhuisean litreachais air an riaghladh le Comhairle nan Leabhraichean, stèidhichte a-mhàin air airidheachd na h-obrach a tha air a cur a-steach (a thuilleadh air saoraidhean riatanach is cuibhrichte a tha ceadaichte fon Achd Co-ionannachd).
- Ceumannan a ghabhail gus feumalachdan dhaoine bho bhuidhnean dìonaichte a choileanadh, a tha air an sònrachadh san Achd Co-ionannachd 2010, le bhith a' toirt air falbh no a' fìor-lùghdachadh anacothroman a tha gam fulang mar thoradh air an suidheachadh dìonaichte, agus le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan is gnìomhan poblach a tha air an eagrachadh le Comhairle nan Leabhraichean, cho ruigsinneach 's a ghabhas dhaibhsan bho na buidhnean a chaidh ainmeachadh roimhe, a thuilleadh orrasan a tha a' fulang bho iomallachd dhùthchail agus easbhaidh shòiseo-eaconamach.
- Dèanamh cinnteach gu bheil làrach-lìn agus conaltraidhean air-loidhne Chomhairle nan Leabhraichean làn ruigsinneach agus a' coileanadh fheumalachdan an luchd-cleachdaidh uile.
- Na suidheachaidhean a stèidheachadh do dhaoine is do choimhearsnachdan uile, far an gabh sin a dhèanamh, a bhith comasach a dhol an sàs ann an litreachas Gàidhlig na h-Alba san dòigh a tha iad ag iarraidh agus dèanamh cinnteach gu bheil a' dèiligeadh riutha le urram agus spèis.
- Cleachdaidhean is modhan-obrach cosnaidh ath-sgrùdadh nuair a tha sin riatanach gus dèanamh cinnteach à cothromachd, agus cuideachd fiosrachadh às ùr a chumail riutha, agus am poileasaidh ùrachadh gus cunntas a ghabhail air atharrachaidhean san lagh.
- Deagh chleachdadh agus stiùireadh Riaghaltais a leantainn, mar eisimpleir “Obair Cothromach” agus “Guth Èifeachdach”¹, agus stiùireadh a thaobh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail, gus dèanamh cinnteach gu bheil modhan-obrach Chomhairle nan Leabhraichean a rèir modhan-obrach nam buidhnean poblach a tha gar maoinachadh
- Sùil a chumail air cruth na sgioba-obrach agus a' bhùird-stiùiridh a thaobh fiosrachadh mar aois, gnè, dualchas cinnidheach, aidmheil ghnèitheasach, creideamh no creideas agus ciorram, ann am brosnachadh co-ionannachd is iomadachd agus ann an coileanadh amasan is dealasan mar a tha mìnichte sa phoileasaidh co-ionannachd.

¹ <https://www.gov.scot/publications/fair-work-first-guidance-support-implementation/>

Poileasaidh Co-ionannachd, Cothromachd agus In-ghabhail

- Measadh mar a tha am poileasaidh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail, agus plana gnìomha taic sam bith ag obair ann an da-rìribh, gan ath-sgrùdadh gach bliadhna agus a' beachdachadh air gnìomhan riatanach a dh'fheumar a ghabhail gus dèiligeadh ri cùisean sam bith.

Tha Poileasaidh Burraidheachd Chomhairle nan Leabhraichean a' gealltainn:

- Àrainneachd obrach a chruthachadh a tha saor bho bhurraidheachd, sàrachadh, fulangas agus leth-bhreith mhì-laghail, anns a bheilear a' dèiligeadh ri luchd-obrach uile le urram agus spèis agus luach ga chur air an tabhartasan fa leth. Tha an dealas seo ag iarraidh luchd-obrach uile a dhèanamh mothachail do an còraichean agus an dleastanasan fon phoileasaidh cho-ionannachdan. Tha dleastanasan a' gabhail a-steach dèanamh cinnteach gu bheil am buidheann a' solarachadh chothroman co-ionann ann an cosnadh agus a' cur casg air burraidheachd, sàrachadh, fulangas agus leth-bhreith mhì-laghail.
- Dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach, manaidsearan agus buill den bhòrd uile mothachail dhan uallach a tha orra airson co-obraichean, luchd-dèiligidh, solaraichean sheirbheisean agus am poball a dh'ion bho gnìomhan burraidheachd, sàrachaidh, fulangais agus leth-bhreith mhì-laghail. Thathas an dùil gun rachadh buill a' bhùird an sàs ann am pròiseasan riatanach airson cùisean burraidheachd no sàrachadh a rannsachadh ma tha iad ag èirigh.
- Gabhail ann an da-rìribh ri gearananan uile mu bhurraidheachd, sàrachadh, fulangas agus leth-bhreith mhì-laghail le co-obraichean, luchd-dèiligidh, luchd-èisteachd, solaraichean sheirbheisean, luchd-tadhail, am poball agus neach sam bith eile, ann an cùrsa gnìomhan obrach Chomhairle nan Leabhraichean. Thèid dèiligeadh ri gnìomhan den t-seòrsa sin mar mhì-ghiùlan fo mhodhan-obrach gearain agus/no smachd na buidhne, agus cùrsa dèiligidh iomchaidh a chur an gnìomh. Dh'fhaodadh fìor dhroch ghearanan a bhith air am meas mar làn mhì-ghiùlan agus leantainn gu cur à dreuchd sa bhad, gun fhios ro-làimh.
- Tuigsinn gum faod sàrachadh gnè a thighinn gu bhith an dà chuid na chùis chòraichean cosnaidh agus na chùis eucoir, mar ann an casaidean ionnsaigh dhrabasta, agus a thuilleadh air sin gu bheil sàrachadh fon Achd Dìon bho Shàrachadh 1997 – nach eil cuibhrichte gu suidheachaidhean far a bheil sàrachadh co-cheangailte ri feart dìonaichte – na choire eucoireach.

Dùbhlain agus Cothroman

Is e buidheann nàiseanta a th' ann an Comhairle nan Leabhraichean a tha ag obair ann an cànan mionaichte air leth. Tha feumalachdan na coimhearsnachd cànan air leth seo glè eadar-mheasgte agus tha Comhairle nan Leabhraichean a' solarachadh sheirbheisean is taic do fhileantaich, luchd-ionnsachaidh òg agus inbheach, agus an diaspora eadar-nàiseanta.

Poileasaidh Co-ionannachd, Cothromachd agus In-ghabhail

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' dèiligeadh ris an obair dhoirbh an lùib mothachadh don Ghàidhlig a thogail ann an roinn fharsaing nan ealan, agus aig an aon àm ar n-obair fhìn a dhèanamh nas ruigsinnich agus nas in-ghabhalaich. Tha Plana Gnìomha Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail Chomhairle nan Leabhraichean air bhunait taic bho àireamh de Bhuilean Nàiseanta 10-bliadhna Riaghaltas na h-Alba 2016:

- 'Tha sinn air dèiligeadh ri neo-ionannachdan cudromach ann an co-chomann na h-Alba'²

Tha a' Ghàidhlig na mion-chànan gun choimeas. Tha coimhearsnachd luchd-labhairt na Gàidhlig air fulang rè ùine mar thoradh air claon-bhreith, leth-bhreith agus leiteachas structarail. Mar sin, ann an adhartachadh sgrìobhadh is leughadh na Gàidhlig, tha obair Chomhairle nan Leabhraichean na pàirt dheamach den ghluasad gu 'spèis co-ionann' a chruthachadh don Ghàidhlig ann an Alba (Achd na Gàidhlig (Alba) 2005). Mar sin, tha obair adhartachaidh na Comhairle a thaobh litreachas is litearrachd na Gàidhlig i fhèin na prìomh thabhartaiche do cho-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail ann an saoghal nàiseanta na Gàidhlig. Tha tabhartas Chomhairle nan Leabhraichean a thaobh adhartachadh iomadachd ann an Alba – sa chùis seo iomadachd chànanach – gun teagamh na phàirt de dh'oidhirp chruinneil taobh a-staigh fhrèaman-obrach laghail eadar-dhealaichte, gus cànanan mionaichte no mion-chànanan ann an cunnart a dhèanamh tèarainte san àm ri teachd, mu choinneamh meudachadh ann an cànanan a' dol à bith.³

A thuilleadh air an sin, seach gu bheil cuid mhòr de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba a' còmhnaidh ann an sgìrean far a bheil an sluagh a' crìonadh no a' fàs aosta, le dìth-cosnadh aig ìre àrd, ìrean ìosal de ghnìomhachas eaconamach, agus GDP gach neach aig ìre ìosal⁴, tha adhartachadh air cothroman Gàidhlig, a' gabhail a-steach cothroman cosnadh, a' toirt seachad dòigh air cothachadh nas fheàrr an aghaidh nan cùisean toinnte an lùib bochdainn agus neo-ionannachd ann an Alba.

- 'Tha sinn a' dèanamh uair a' fèin-aithne nàiseanta làidir, cothromach agus in-ghabhalach, comharraichte tro ar faireachdainn de dh'àite, faireachdainn de dh'eachdraidh agus faireachdainn de fhèin'.⁵

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' comharrachadh phàirtean buadhach de dhearbha-aithne nàiseanta làidir, cothromach agus in-ghabhalach, a' gabhail a-steach: 'Ar dualchas agus ar beatha chultarach bheòthail agus ioma-dhòigheach; Ar cànan agus àite na Gàidhlig taobh a-staigh ar coimhearsnachdan'.⁶ Mar

² <http://www.gov.scot/About/Performance/scotPerforms/outcome>

³ Faic, mar eisimpleir, Robert Dunbar, 'Minority Language Rights in International Law', *The International and Comparative Law Quarterly*, Vol. 50, No. 1 (Jan., 2001), pp. 90-120.

⁴ Philomena de Lima, *Poverty and Social Exclusion in Rural Areas: Final Report (Scotland)* (European Communities, 2008), p. 424. Gheibhear an aithisg seo air-loidhne tro <http://ec.europa.eu/social/main.jsp?langId=en&catId=22> agus sgrùdadh airson 'Alba'.

⁵ <http://www.gov.scot/About/Performance/scotPerforms/outcome>

⁶ <http://www.gov.scot/About/Performance/scotPerforms/outcome/natidentity>

Poileasaidh Co-ionannachd, Cothromachd agus In-ghabhail

sin, tha e furasta a thaisbeanadh gu bheil rùn Chomhairle nan Leabhraichean air leth cudromach ann an cur ri cumail suas air dualchas cultarach agus cànanach ioma-dhòigheach na h-Alba. Tha obair Chomhairle nan Leabhraichean, a' gabhail a-steach tur luchd-tòiseachaidh a thuilleadh air luchd-labhairt fhileanta, a' ceadachadh ìre fharsaing de chonaltradh leothasan aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig a dh'fhaodadh air dhòigh eile leth-bhreith fhulang mar thoradh air aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, com-pàirteachas pòsaidh agus sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh (a' gabhail a-steach dath, nàiseantachd agus tùs cinnidheach no nàiseanta), creideamh no creideas, gnè agus aidmheil ghnèitheasach.

Tha co-obrachaidhean agus com-pàirteachasan le buidhnean ealain nàiseanta eile a' dèanamh cinnteach à in-ghabhail air Gàidhlig ann an iomairtean ealain is litreachais nàiseanta. Tha na co-obrachaidhean sin a' togail mothachadh don Ghàidhlig gu luchd-èisteachd mòran nas fharsainge taobh a-muigh luchd-èisteachd na Gàidhlig. Tha cleachdadh farsaing air uidheam eadar-theangachaidh didseatach a' dèanamh cinnteach nach eil neach sam bith air a thoirmeasg bho thachartasan Chomhairle nan Leabhraichean air sgàth dìth fileantachd sa chànan. Tha Comhairle nan Leabhraichean ag obair le buidhnean ealain Ghàidhlig eile gus gnìomhaidhean is leughaidhean a ghabhail a-steach bho bhàird agus ùghdaran air feadh Alba, agus tachartasan air-loidhne gus am faigh daoine cothrom air litreachas na Gàidhlig às bith càit a bheil iad agus ged nach biodh comas aca a bhith a' siubhal.

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' libhrigeadh a ghnothachais gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig, agus dh'fhaodaist seo fhaicinn mar dhùbhlann ann am feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil coimeasgadh an luchd-obrach agus a' Bhùird-stiùiridh a cheart cho eadar-mheasgte 's a tha iad ann am buidhnean ealain nàiseanta eile. Tha fileantachd labhairteach agus sgilean litearrachd àrd-ìreil nan riatanasan deatamach do luchd-cosnadh Chomhairle nan Leabhraichean uile. Tha buill a' bhùird gan taghadh air bhunait an sgilean agus an eòlais, an ùidh phearsanta ann an leabhraichean is litreachas Gàidhlig agus am fileantachd sa chànan. Tha conaltraidhean uile leis a' bhòrd ann an Gàidhlig agus tha coinneamhan a' bhùird air an cumail gu tur ann an Gàidhlig. Tha luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig di-beathte tagradh airson àite mar bhall air bòrd-stiùiridh Chomhairle nan Leabhraichean.

Ath-sgrùdadh

Thèid am poileasaidh seo a sgrùdadh agus ùrachadh gu cunbhalach. Tha e mar bhunait do Phlanaichean-gnìomh bliadhnail CII aig Comhairle nan Leabhraichean. Thèid am Plana-gnìomh CII airson 2025-26 (sa Bheurla a-mhàin) fhoillseachadh fo 'Poileasaidhean' air an làrach-lìn againn.